

CUIDEACHADH

Air cuairt na beatha, geàrr no buan,
Ma chì thu bràthair ann an cruas,
Sìn dha do làmh, 's gu caomh am bàidh
Cuidich e an uair a chàis;
Oir mura b' e am mìorbhail gràis
Dh'fhaodadh tusa bhith ma tha
Do bhràthair bochd, gun fhonn, gun ghàir,
Gu truagh gach là.

Ma thèid thu cuairt tro ghleann nan deòir
'S gum faic thu sìn do phiuthar bhreòit',
Sìn dhì do làmh 's 'n ciùine beòil
Dèan fhoighneachd dhith ceann fàth a deòir;
Oir mura b' e am mìorbhail gràis
Dh'fhaodadh tusa bhith ma tha
Do phiuthar gràidh, a deòir gu làr,
A' gul na cràdh.

Ma thèid thu cuairt a-sìos an t-sràid
'S gum faic thu 'n dall am feum do ghràidh,
Sìn dha do làmh, 's le cridhe làn
Treòraich e gu ceann na sràid;
Oir mura b' e am mìorbhail gràis
Dh'fhaodadh tusa bhith ma tha
An dall na chàs, nach faic gu bràth
Soills' an là.

Air do thuras feadh an àit',
Ma chì thu 'n cripleach tigh'nn an àird,
Sìn dha do làmh, 's le uile ghràdh
Thoir dha cùl-taic - tha thusa slàn;
Oir mura b' e am mìorbhail gràis
Dh'fhaodadh tusa bhith ma tha
An cripleach truagh, làn pèin gach là,
Gun fhois bho chràdh.

Air sligh' na beatha seall gu maoth
Ma chì thu 'm balbh nach cluinn do ghlaodh,
Sìn dha do làmh an gràdh 's an gaol -
Na fàg leis fhèin e air an raon;
Oir mura b' e am mìorbhail gràis
Dh'fhaodadh tusa bhith ma tha
An balbhan bochd na cluinn gu bràth
Buan fhuaim an t-sàil.